



The Scottish Parliament
Pàrlamaid na h-Alba

Buidheann Chorporra Pàrlamaid na h-Alba
**Aithisg Àrainneachdail &
Seasmhachd 13/14**



Lorg Carboin



32%



Dealán sìos



31%



Gas sìos



34%



Sgudal-làraich sìos



68%



Pàipear sìos



39%



Uisge sìos



9%



Tha Buidheann Chorporra Pàrlamaid na h-Alba (SPCB) a' dèanamh adhartas fhathast fa chomhair a rùin a bhith seasmhach na gnìomhan 's a bhith a' lùghdachadh a lorg carboin. Tha am plana againn gus ar lorg carboin a lùghdachadh 42% ro 2020 air an rathad gus a choileanadh.

Tha plana rianachd a' charboin a' liubhairt lùghdachadh fhathast nar sgaoilidhean carboin. Tha sgaoilidhean sìos 32% an coimeas ri 2005/06 agus 12% an taca ri bliadhna an-uiridh. Fhuaras a' mhòr-chuid den lùghdachadh seo le bhith a' lùghdachadh an dealain 's a' ghas a bha sinn a' caitheamh ann an togalach na Pàrlamaid agus le lùghdachadh air dèine carboin dealan a' ghriod. Tha na leasachaidhean seo ann an èifeachdas a' liubhairt còrr mòr agus £210,000 de shàbhalaidhean bliadhnail.

A thuilleadh air seo, chaidh againn air caitheamh uisge 's pàipeir agus an sgudal iomlan againn a lùghdachadh.

'S e luchd-cleachdaidh an togalaich as cudromaiche a thaobh ar rùintean àrainneachdail. Tha mi glè thaingeil don luchd-cleachdaidh uile a chuidich le beachdachadh air ciamar a dh'fhaodadh iad obair ann an dòigh nas seasmhaiche don àrainneachd.

Tha Achd Atharrachadh na Cliomaid (Alba) 2009 a' cur grunn dhleastanasan air buidhnean poblach a ghabhas am mineachadh gu goirid mar: obair gus sgaoilidhean carboin a lùghdachadh, a bhith seasmhach agus obair gus freagarrachadh ri cliomaid a tha ag atharrachadh. San aithisg seo, thug sinn fianais shoilleir mun dòigh sa bheil sinn a' coillionadh nan dleastanasan seo.

Tha mi an dòchas gum bi an aithisg seo inntinneach agus fiosrachail dhuibh.

Stiùbhart MacIlfhaolain,
Leas-àrd-oifigear (Cathraiche air
Buidheann-stiùiridh Rianachd
Àrainneachdail)

Raon	Targaid (a rèir 2005/06, mura bheil bliadhna eile ann)	Fìor-dhèanadas	Caiteachas
Lorg carboin	Lùghd. 28% ro 2014 Lùghd. 30% ro 2015	Lùghdachadh 32% 2,788 tunnaichean CO ₂ e ¹	Neo-iomchaidh
Sgaoilidhean a rèir rùn lùghdachadh a' charboin	Neo-iomchaidh	2,877 tunnaichean CO ₂ e	£34,524 (gun cis ceadachd)
Dealain	Lùghd. 28% ro 2014 Lùghd. 30% ro 2015	Lùghdachadh 31% 4,571,767 kWh 2,211 tunnaichean CO ₂ e	£488,539
Gas	Lùghd. 9% ro 2014 Lùghd. 15% ro 2015	Lùghdachadh 34% 2,202,225 kWh 406 tunnaichean CO ₂ e	£85,668
Tursan-gnothaich	Neo-iomchaidh	105 tunnaichean CO ₂ e	£134,106
Sgudal iomlan ag èirigh às	Neo-iomchaidh	250 tunna	£27,119
Sgudal-làraich	Lùghd. 70% ro 2014 Lùghd. 72% ro 2015	Lùghdachadh 68% 49 tunnaichean 16 tunnaichean CO ₂ e	An lùib an sgudail iomlain ag èirigh às
Sgudal ath-chuairtiche 's tothair-ghàrraidh	Neo-iomchaidh	Reat ath-chuairteachaidh de 80% 201 tunna	An lùib an sgudail iomlain ag èirigh às
Uisge	Lùghd. 10.5% ro 2014 Lùghd. 11% ro 2015 (an taca ri 2011/12)	Lùghdachadh 9% 22,867 m ³ 18 tunnaichean CO ₂ e	£263,862
Pàipear	Lùghdachadh 35% rè seisean pàrlamaideach 4 (2011-2016) an taca ri seisean 2	Lùghdachadh 39% 9,903 buinnsealan 25 tunnaichean	£ 21,603 – pàipear oifise £ 58,207 – catraidsean tònair 's clò-bhuailidh

¹ CO₂e – tunnaichean de charbon dà-ogsaid co-ionnan.

Raon	Targaid (a rèir 2005/06, mura bheil bliadhna eile ann)	EDèanadas dha rèir
Lorg carboin	Lùghdaich o sgaoilidhean co-ionnan ri 374 luchd-còmhnaidh Albannach gu: <ul style="list-style-type: none"> • 295 ro 2014 • 254 ro 2015 	Sgaoilidhean co-ionnan ri 238 luchd-còmhnaidh Albannach
Dealain	Lùghdaich o chaitheamh co-ionnan ri 2,002 teaghlach gu: <ul style="list-style-type: none"> • 1,441 ro 2014 • 1,361 ro 2015 	Caitheamh dealain co-ionnan ri 1,385 teaghlaichean
Gas	Lùghdaich o chaitheamh co-ionnan ri 209 teaghlaichean gu: <ul style="list-style-type: none"> • 190 ro 2014 • 178 ro 2015 	Caitheamh gas co-ionnan ri 138 teaghlaichean
Siubhal air ceann gnothaich	neo-iomchaidh	1,167 tursan-rèile dà-rathaid o Dhùn Èideann gu Lunnainn
Sgudal iomlan ag èirigh às	neo-iomchaidh	Cuideam 13.2 bus air a chur don làrach, air ath-chuairteachadh no airson tothair-ghàrraidh
Sgudal-làraich agus ath-chuairtichte	Lùghdaich sgudal-làraich o chuideam co-ionann ri 8 busaichean: <ul style="list-style-type: none"> • 2.4 ro 2014 • 2.24 ro 2015 	Cuideam co-ionnan ri 2.6 bhus air a chur don làrach. Còrr is 80% air ath-chuairteachadh no airson tothair-ghàrraidh, cuideam co-ionnan ri 10.6 busaichean
Uisge	Lùghdaich o chaitheamh co-ionnan ri 185 teaghlaichean an 2011/12 gu: <ul style="list-style-type: none"> • 166 ro 2014 • 165 ro 2015 	Caitheamh uisge co-ionnan ri 168 teaghlaichean
Pàipear	Lùghdaich o mheud co-ionnan ri 984 craobhan gu meud 640 craobh sa bhliadhna rè seisean pàrlamaideach 4 (2011-16)	Pàipear meud 600 craobh air a chleachdadh ('S e pàipear 100% ath-chuairtichte a th' ann, mar sin, cha deach 600 craobh a bhuan gus pàipear na Pàrlamaid a dhèanamh.)

² Gheibhear iomraidhean agus ro-mheasaidhean air iarrtas.

Lèirsinn

“Thèid sinn nar buidheann beag-charboin.”

Lùghdaichidh sinn sgaoilidhean carbain 30% ro 2015, 42% ro 2020 agus 80% ro 2050 bhon ìre an 2005/06.



Plana rianachd carbain

Tha sinn a’ sònrachadh gur e buidheann bheag-charboin tè sa bheil:


- **oidhirp mhòr ann gach bliadhna gus sgaoilidhean a lùghdachadh**
- **lùghdachadh sgaoilidhean follaiseach agus làidir**
- **a h-uile co-dhùnadh a’ toirt fa-near nam buaidhean againn air an àrainneachd – beag agus mòr**
- **sàr mhodhan-obrach àrainneachdail gan cumail.**

An 2010, chruthaich a’ Phàrlamaid a’ chiad phlana rianachd carbain (CMP) aice. Chaidh seo ath-dheasachadh sa Ghiblean 2013 agus chaidh CMP 2020 a chur air bhog. Shuidhich am plana clàr-stiùiridh gus sgaoilidhean carbain na Pàrlamaid a lùghdachadh, agus targaidean dùbhlanaich san eadar-àm agus san fhad-ùine gus sgaoilidhean agus cleachdadh dealain a lùghdachadh 30% ro 2015. Ri linn an adhartais nas luaithe na bhathar an dùil mu choinneamh ar targaidean, thèid targaid 2015 a mheudachadh.

Tha còrr is 90% de sgaoilidhean carbain na Pàrlamaid air sgàth cleachdadh dealain is gas. Mar sin, tha plana 2020 a’ leigeil cuideam mòr air cleachdadh dealain is gas a thoirt sìos le bhith a’ leasachadh smachd air uidheaman san togalach, a’ toirt air siostaman teasachaidh ’s èadhraigidh fhreagarrachadh ri ar feuman agus a’ tasgadh airgead ann an uidheam a tha nas èifeachdaiche a thaobh lùtha.

Tha dùil gun tig mu £300,000 de shàbhalaichean gach bliadhna ro 2020 an cois liubhairt a' phlana agus lùghdachadh de chòrr is 1,800 tunna de CO₂e sa bhliadhna.

Nuair a chaidh a' chiad ìre den phlana a chur an gnìomh ron Mhàrt 2014, fhuaras lùghdachadh £210,000 air cosgaisean gas 's dealain, 's air 1,348 tunnaichean de CO₂e.





Ditheanan ann an gàrraidhean na Pàrlamaid



Real Action on Carbon Emissions

B' e 2013/14 a' cheathramh bliadhna de phrògram RACE far a bheilear a' brosnachadh luchd-obrach gus sgaoilidhean carboin a lùghdachadh, gus freagarrachadh ri atharrachadh cliomaid agus gus leasachadh a thoirt air ar cleachdaidhean àrainneachdail.

Tha prògram RACE air a ruith le sgioba de luchd saor-thoileach a tha dealasach mu bhith a' leasachadh na h-àrainneachd agus a' cuideachadh càch gus a bhith nas seasmhaiche san dòigh sa bheil iad a' tighinn beò aig an obair agus san dachaigh.

An 2013/14 chuir sgioba RACE raon farsaing de thachartasan air dòigh, nam measg sin:

- leasan an èifeachdas dràibhidh – taic do luchd-obrach a bhith a' siubhal gu obair ann an dòigh lùth-èifeachdach
- Cuirm suaipheadh leabhraichean – gus ath-chleachdadh leabhraichean a bhrosnachadh
- Suaipheadh pàipearachd – gus saoghal sam bi sinn ag ath-chleachdadh stòrasan a chruthachadh
- Cuairt gàrraidhean dìtheanach na Pàrlamaid – gus am meudachadh ann am bith-iomadachd a shealltainn (dèanta le luchd-obrach saor-thoileach a dh'fhàs lusan bhon t-sìol)
- Doctor Bike – gus dearbhadh sàbhailteachd don bhaidhseagail a thabhann don bharrachd dhaoine a tha a' siubhal gu obair air rothair.

Amas Cuidich a' Phàrlamaid a dhol na buidheann bheag-charboin le bhith a' cumail conaltradh ri luchd-cleachdaidh an togalaich mun phlana rianachd carboin aice

Lèirsinn Feachd-obrach a tha mothachail air 's a tha ag obair gus buaidh na Pàrlamaid air an àrainneachd a lùghdachadh

Tha an Lionra Eco (Fiosaichean Àrainneachdail) a' cuideachadh gus deagh chleachdadh àrainneachdail a bhrosnachadh sa h-uile oifis air feadh na Pàrlamaid. Lìon buill an lìonraidh lèirmheasan mu na raointean siubhail 's còmhdaidh aca, agus cuideachd mu èifeachdas pàipeir ann an suidheachadh far a bheil barrachd obrach air a dèanamh gu didseatach.

Rùn Lùghdachadh Carboin (CRC)

Tha riatanas air Buidheann Chorporra Pàrlamaid na h-Alba (SPCB) gèilleadh ri rùn Riaghaltas na Rìoghachd Aonaichte a thaobh èifeachdas lùtha agus lùghdachadh carboin. 'S e sgeama do-sheachanta a tha seo ag amas air èifeachdas lùtha a leasachadh agus sgaoilidhean a ghearradh ann am buidhnean mòra nan raointean poblach 's prìobhaideach.

Feumaidh buidhnean san sgeama an lorg carboin a thomhas a rèir modh-obrach an CRC agus an uair sin cuibhreannan a cheannach bho Roinn an Lùtha agus Atharrachadh Cliomaid (DECC) airson gach tunna de charbon dà-ogsaid a thèid a sgaoileadh. Tha cìs £12 san tunna air cuibhreannan, agus chosg sin £34,524 sa bhliadhna ionmhasail 2013/14.

Tha cunntais lorg carboin an CRC a' gabhail a-steach sgaoilidhean ri linn caitheamh dealain is gas a-mhàin. Tha modh-cunntais na Pàrlamaid airson a lorg carboin (t-d 10) a' gabhail a-steach an tuilleadh tùsan sgaoilidh.

Ri linn a' mhòr-lùghdachaidh air caitheamh dealain na Pàrlamaid, chan eil riatanas air a' bhuidheann chorporra pàirt a ghabhail ann an sgeama CRC bho 2014/15.


Bliadhna	2010/11	2011/12	2012/13	2013/14
CO ₂ e (tunnaichean)	3,615	3,178	3,188	2,877

Lorg carboin – CEMARS

B' i a' bhuidheann chorporra a' chiad bhuidheann phoblach gus cumail ri riatanasan CEMARS an 2011, agus ghèidh i teisteanas an sgeama an 2014.

Gus teisteanas an sgeama a ghleidheadh, feumaidh buidheann dearbhadh gu bheil rùn agus plana làidir aice gus sgaoilidhean nan gasan taigh-glainne a lùghdachadh, agus gun deach an lorg carboin aice a thomhas a rèir riatanasan ISO 14064-1:2006. Tha an teisteanas air a dhearbhadh gach bliadhna le sgrùdadh a-muigh.

Dhearbh sgrùdadh CEMARS gu bheil na figearan dealain, gas, siubhail, sgudail agus uisge san aithisg seo gun mhearachd.



Targaid san eadar-àm:

- Lùghdaich ar lorg carboin **28%** ron Mhàrt 2014 bhon t-suim iomlan an 2005/06.

Targaid sa mheadhan-ùine:

- Lùghdaich ar lorg carboin **30%** ron Mhàrt 2015 bhon t-suim iomlan an 2005/06.

Lùghdachadh iomlan a fhuaras: 32%

Chaidh lorg carboin na Pàrlamaid a lùghdachadh 32% eadar 2005/06 agus 2013/14. Tha sgaoilidhean o raon farsaing de ghniomhan an lùib an lorg carboin, nam measg sin, cleachdadh gas airson teasachaidh, dealan, sgudal, uisge 's siubhal air cheann ghnothaichean pàrlamaideach.

Tha sinn a-nis mu thrì cairteal de ar slighe a dh'ionnsaigh targaid 2020, le mu 1,348 tunnaichean air an toirt far an lorg carboin bho 2005/06 agus lùghdachadh de 368 tunnaichean bho 2012/13.

Rinn Roinn na h-Àrainneachd, a' Bhìdh 's Chùisean Dùthchail sgrùdadh air na sgaoilidhean o chleachdadh dealan a' ghriod. Rinn na h-atharraichean seo gum feumadh sgaoilidhean bun-loidhne agus sgaoilidhean nam bliadhnaichean às an dèidh ath-thomhas. Chan eil dealan a-nis cho trom air carbon 's a bha e ri linn barrachd cumhachd ath-nuadhachail, mar sin, fhuaras lùghdachadh ann an sgaoilidhean de mu 43 tunnaichean eadar 2012/13 agus 2013/14.

Sgòp ³	Tùs sgaoilidh	CO ₂ e (tunnaichean)		
		05/06	12/13	13/14
Aon	Gas nàdarra	558	561	406
Aon	Eile ⁴	2	8	32
Dà + Trì	Dealain	3,339	2,399	2,211
Trì	Siubhal	169	147	105
Trì	Sgudal	61	22	16
Trì	Uisge	7	19	18
Lomlan		4,136	3,156	2,788

³ Tha pròtocol sgaoilidhean taigh-ghlainne a' seòrsachadh sgaoilidhean nan trì sgòpan farsaing.

⁴ Tha 'eile' a' gabhail a-steach sgaoilidhean F-gas (fuarachail) agus dìosail air an cleachdadh airson a' ghineadair air-làraich agus bhana na làraich.

Targaid san eadar-àm:

Lùghdaich caitheamh dealain a-steach **28%** ron Mhàrt 2014 bhon t-suim iomlan an 2005/06.

Targaid sa mheadhan-ùine:

Lùghdaich caitheamh dealain a-steach **30%** ron Mhàrt 2015 bhon t-suim iomlan an 2005/06.

Lùghdachadh iomlan a fhuaras: 31%



Seo cuid de na h-iomairtean an 2013/14 a chuir ri bhith a' lùghdachadh caitheamh dealain:

- Chaidh bolgan solais LED a stàladh ann an tuilleadh àitean, nam measg sin, taigh-bìdh an luchd-obrach agus Lobaidh a' Ghàrraidh. Tha còrr is 1,600 lampa LED a-nis air an cleachdadh sa Phàrlamaid
- Smachd leasaichte air siostam èadhraigidh an t-Seòmair Deasbaid
- Smachd leasaichte air na pumpaichean a tha a' cur an uisge tro na puill
- Stàladh ghaotharain fìor-èifeachdach do na h-innealan èadhair ann an seòmraichean an fhrithealaiche IT.

Bliadhna	Dealain (kWh)	% air a lùghdachadh
2005/06	6,606,490	
2011/12	5,128,849	22%
2012/13	4,863,840	26%
2013/14	4,571,767	31%

Targaid san eadar-àm:

Lùghdaich caitheamh gas **9%** ro 2014 bhon t-suim iomlan an 2005/06.

Targaid sa mheadhan-ùine:

Lùghdaich caitheamh gas **15%** ro 2014 bhon t-suim iomlan an 2005/06.

Lùghdachadh iomlan a fhuaras: 34%

Lùghdaich a' Phàrlamaid cleachdadh gas an 2013/14 le 34% an coimeas ri 2005/06. Bha i cuideachd a' cleachdadh nas lugha de ghas an 2013/14 na bha i anns gach aon den dà bhliadhna roimhe. Tha mu leth-chuid den lùghdachadh seo ri linn gearmhraidh thlàth agus an còrr ri linn rian nas fheàrr ga chumail air an togalach.

Gus an caochladh theothachdan ann am bliadhnaichean eadar-dhealaichte a thoirt fa-near, thathar a' cleachdadh tomhas de chor na h-aimsir ris an canar làithean puinge. Le seo, faodar coimeas ceart a dhèanamh ri cleachdadh lùtha ann am bliadhnaichean eadar-dhealaichte. A rèir an tomhais seo agus ann an làn iomlanachd, tha cleachdadh gas air lùghdachadh.

Fhuaras na lùghdachaidhean seo le:

- riaghladh agus prògramadh cùramach den t-siostam teasachaidh gus nach rachadh àitean a theasachadh ach a-mhàin nuair a bhathar gan cleachdadh
- an teothachd agus àile atharrachadh tro shiostam èadhraigidh an t-Seòmair Deasbaidh gus nas lugha de dh'èadhar ùr a libhrigeadh nuair nach robh na h-uimhir de dhaoine ann, rud a tha a' lùghdachadh an èadhair fhuair a dh'fheumas teasachadh
- iarraidh air luchd-obrach obair còmhla o nas lugha de sheòmraichean eadar an Nollaig 's a' Bhliadhn' Ùr, airson na h-innealan teasachaidh sa chòrr den togalach a chur dheth.

Bliadhna	Caitheamh iomlan ghas (kWh)	Làithean puinge ⁵	kWh gach latha puinge
2005/06	3,349,164	2,460	1,361
2011/12	2,202,713	2,220	992
2012/13	3,039,074	2,902	1,047
2013/14	2,202,225	2,376	926

⁵ Tha làithean puinge nan tomhas de chruas 's ùine na h-aimsire fuair: mar as fhuair an aimsir ann am mìos àraidh, 's ann nas àirde an latha puinge. Ma thèid seo a thoirt fa-near, gabhaidh aon bhliadhna a choimheasadh ri bliadhna eile gus co-dhùnadh an robh caomhnaidhean ann mar thoradh air iomairt sam bith.

Targaid san eadar-àm:

Lùghdaich sgudal-làraich⁶ **70%** ron Mhàrt 2014 bhon t-suim iomlan an 2005/06.⁷

Targaid sa mheadhan-ùine:

Lùghdaich sgudal-làraich **72%** ron Mhàrt 2015 bhon t-suim iomlan an 2005/06.

Lùghdachadh iomlan a fhuaras: 68%



An 2013/14, chaidh 49 tunnaichean de sgudal a chur don làrach – 105 tunnaichean nas lugha na chaidh a chur ann an 2005/06.

Bho 2005/06 chaidh sgudal-làraich a lùghdachadh agus reataichean ath-chuairteachaidh a mheudachadh le bhith:

- a' cruinneachadh sgudal bìdh airson tochair-ghàrraidh far-làraich
- a' leasachadh ghoireasan ath-chuairteachaidh
- a' cur tiormadairean-làimhe an àite tubhailtean pàipeir
- a' cruthachadh ionadan ath-chuairteachaidh agus a' lùghdachadh an àireamh de bhionaichean fa leth gu mòr.

⁶ Tha sgudal a' gabhail a-steach gach sgudal bho oifisean agus sholaraidhean bìdh. Chan eil e a' gabhail a-steach sgudal a dh'adhbhraich cùnnradairan fhad 's a bha obraichean a' dol aca.

⁷ Tha an targaid stèidhichte air toradh nan sgrùdaidhean sgudail a chaidh a dhèanamh le luchd-obrach na Pàrlamaid. Tha na tunnaichean de sgudal a chaidh a chur don làrach 's gu ath-chuairteachadh air a thomhas a rèir an fhiosrachaidh a thug an cùnnradair a tha a' riarachadh sgudal na Pàrlamaid.

Tha gach ionad ag ath-chuairteachadh pàipear measgaichte, cairt-bhòrd agus botail plastaig, a bharrachd air biona sgudail choitcheann. Gheibhear àitean cruinneachaidh eile ann airson biadh, canastairean agus glainne aig àitean nan innealan teatha.

Mar a bha am fortan an dàn, lùghdaich am meud iomlan de sgudal a dh'fheumadh ath-chuairteachadh le 21 tunna, a' toirt lùghdachadh air an sgudal iomlan a bha ag èirigh às.


Bliadhna	Sgudal iomlan ag èirigh às (tunna.)	Sgudal-làraich (tunnaichean)	% Air a lùghdachadh	Sgudal ath-chuairtichte 's tohair-ghàraidh (tunnaichean)	% de Reataichean ath-chuairtichte
2005/06	263	154	n/a	109	41%
2011/12	258	50	67%	208	80%
2012/13	270	48	69%	222	82%
2013/14	250	49	68%	201	80%

Targaid san eadar-àm:

Lùghdaich caitheamh uisge **10.5%** ron Mhàrt 2014 bhon t-suim iomlan an 2011/12.

Targaid sa mheadhan-ùine:

Lùghdaich caitheamh uisge **11%** ron Mhàrt 2015 bhon t-suim iomlan an 2011/12.

Lùghdachadh iomlan a fhuaras: 9%

Tha Pàrlamaid na h-Alba a' cleachdadh uisge nam prìomh phìoban agus uisge à dà tholl-cladhaich air an làrach.

Thathar a' cleachdadh uisge nan toll-cladhaich gus na puill òrnaideach aig beul an togalaich a lìonadh agus na toileatan a shrùthladh. Tha nas lugha de bhuidh àrainneachdail aig cleachdadh uisge nan toll-cladhaich airson toileatan a shrùthladh na th' aig uisge nam pìoban bho nach eil e air a ghiullachd gu ceimigeach. Thathar a' cleachdadh uisge nan toll-cladhaich air a ghiullachd gu ceimigeach sna puill airson smachd a chumail air fàs lìrein.

Tha uisge nam prìomh phìoban air a chleachdadh airson a h-uile rud eile leithid glanadh làmhan, òl agus cafaidhean 's taighean-bìdh air an làrach.

Fhuaras lùghdachadh ann an cleachdadh iomlan an uisge bhon bhliadhna roimhe le sgrùdadh agus riaghladh cùramach de dh'uisge. Mheudaich cleachdadh uisge nam pìoban bhon ìre as ìsle an 2010/11 ri linn fosgladh grunn ghocan airson an t-uisge a shruthladh.

Cha d' fhuaras an targaid airson cleachdadh uisge a lùghdachadh ri linn cleachdadh na b' àirde na bha dùil aig na puill. Chaidh sgrùdadh san raon seo a leasachadh, agus mar thoradh, bu chòir gum faighear an tuilleadh lùghdachaidh ann an cleachdadh uisge nan toll-cladhaich an 2014/15.

	Bliadhna	Toll-cladhaich (m ³)	Prìomh phìoban (m ³)	Iomlan (m ³)
	2010/11	28,487	4,624	33,111
	2011/12	18,258	6,915	25,173
	2012/13	17,955	5,889	23,844
	2013/14	16,752	6,115	22,867

Targaid:

Lùghdaich caitheamh pàipeir **35%** bhon t-suim iomlan ann an seisean 2⁸ rè seisean 4 (2011-2016).

Lùghdachadh bliadhnail cuibheasach a fhuaras ann an seisean 4: 46%



Tha cleachdadh pàipeir an urra ri seòrsa agus meud nan gnothaichean pàrlamaideach. Chaidh cleachdadh pàipeir iomlain a lùghdachadh ri linn poileasaidh clò-bhualaidh dà thaobh na duilleige agus le bhith a' lùghdachadh an àireamh de lethbhric aig sgrìobhainnean pàrlamaideach oifigeil a chaidh am foillseachadh leithid am Business Bulletin.

Tha pròiseact ris an canar Paper Smart air tòiseachadh mar oidhirp air an tuilleadh lùghdachaidh a thoirt air cleachdadh pàipeir, le bhith a' dèanamh feum de theicneòlasan agus dòighean ùra air obair dhidseatach.

Bliadhna	Tunnaichean	% air a lùghdachadh
Seisean 2 (cleachdadh bliadhnail cuibheasach)	40.8	
Seisean 4		
2011/12	16.6	60%
2012/13	24.6	40%
2013/14	24.8	39%
Cuibheas seisein 4	21.9	46%

⁸ Tha am fiosrachadh bun-loidhne seo air a thomhas bho chleachdadh pàipeir cuibheasach rè 2005-2007, oir chan eil am fiosrachadh airson seisein 2 gu lèir ri fhaotainn.

Tha an Roi-innleachd airson Ceannaich Chùramaich a' ruith air 4 prìomh raointean:

- inbhean proifeiseanta
- buaidh àrainneachdail
- cùisean beusach agus sòisealta
- iomairtean beaga 's meadhanach agus solaraichean Albannach.

Air dhuinn ìre a h-aon den Roi-innleachd airson Ceannaich Chùramaich a chur an gnìomh, tha sinn an-dràsta a' leigeil cuideam air co-obrachadh le ar luchd-ceannaich a-staigh agus leis a' Mhanaidsear Àrainneachdail gus a bhith cinnteach gun tèid builean àrainneachdail a chur an sàs aig gach ìre de phròiseactan solair. Tha am Manaidsear Àrainneachdail a' cur ri leasachadh nam mion-chomharraichean airson chùnnraidhean aig am faodadh droch bhuidh a thoirt air an àrainneachd agus tha gnothach aige ri leasachadh 's luachadh nan ceistean tagraidh.

Tha planaichean gnìomha àrainneachdail air an aontachadh gach bliadhna le prìomh chùnnradairean agus tha an t-adhartas air a sgrùdadh gu riaghailteach.

Sgrùdadh cùise a' phròiseict airson solair uidheamachd bìdh

Thugadh an cùnnradh airson solair agus stàladh uidheamachd bìdh gus leasachadh a thoirt air taigh-bìdh an luchd-obrach.

Shònraich sinn gum b' e cleachdadh uisge 's caitheamh lùtha agus faighinn cuidhteas uidheamachd gun fheum a bu mhotha a bha a' toirt buaidh air an àrainneachd.

Bha seo fa chomhair inntinn nuair a chaidh am mion-chomharrachadh a dhealbhadh leis na riatanasan a leanas na lùib:

- comharrachadh a' bhathair as èifeachdaich a thaobh uisge 's lùtha san t-sreath de bhathar a tha ri fhaighinn bhon t-solaraidhe, suidhichte air bileagan àrainneachdail ceadaichte leithid bileag lùtha an Aonaidh Eòrpaich (AE), bileag uisge AE, lògo Energy Saving Recommended air a rianachadh leis an Energy Saving Trust no buidheann choltach ris
- feumaidh a h-uile fuaradair 's reothadair ùr stuthan-fuarachaidh a bhith annta le comas blàthachadh cruinne de nas lugha na 150
- faighinn cuidhteas sgudail le bhith a' cumail ris na riaghailtean iomchaidh uile, gu h-àraidh Riaghailtean Atharrachaidh an Sgudail Shònraichte (Alba) 2004 agus Riaghailtean Sgudail an Uidheim Dealain 's Eileagtronaigich 2006
- toirt a h-uile stuth-pasgaidh far na làraich agus ga ath-chleachdadh no ath-chuairteachadh, no ga chleachdadh airson giullachd lùtha.

Chaidh ceistean a chur air tagraichean ag iarraidh fiosrachadh mu chomas an uidheim a bha iad a' moladh a thaobh bhileagan àrainneachdail agus reatadh blàthachadh na cruinne. Cuideachd, chaidh iarraidh air tagraichean mìneachadh a thoirt air na dòighean sam biodh iad a' faighinn cuidhteas stuth-pasgaidh.



An t-Oifigear Riaghlaidh, am Fìor Urr. Tricia Marwick BPA, a' faighinn nan seillean-meala

Tha a' bhuidheann chorporra a' cumail suas nan gàrraidhean aice fhathast mar thaic do bhith-iomadachd na sgìre.

Chaidh ceàrn mòr de na gàrraidhean àrdachadh agus chaidh dìtheanan, preasan, feòir fhiadhain agus craobhan Albannach a

chur. Tha na lòintean dìtheanach air an dealbhadh gus a bhith eu-coltach ris na rèidhleanan fòid gearrta le lusan feartail leithid a' choirein leantalaich, a' ghreabain agus crobh preachain an lòn (sticky catchfly, dropwort agus meadow cranesbill).

Tha an àireamh de lusan 's flùraichean fiadhaich air meudachadh gu mòr sna beagan bliadhnaichean a dh'fhalbh le luchd-obrach saor-thoileach ag obair còmhla ri Gàrradh Luibh-eòlas Rìoghail Dhùn Èideann (RBGE). Dh'fhàs luchd-obrach na Pàrlamaid agus RGBE blàthan freagarrach leithid Lus nam Ban-sìth, Cìrean Coilich, Coirein Bhàin agus Lus na Nathrach (foxglove, red and white campion agus viper's bungloss), a chuir iad a-muigh sna gàrraidhean as t-fhoghar. A bharrachd air sin, chaidh meud mòr de fhras a' Mhodhalain Bhuidhe (yellow rattle seeds) a chur leis an sgioba mar chuideachadh le ceannsachadh an fheòir agus airson cothrom a thoirt do luibhean eile soirbheachadh.

Chaidh sinne agus Kelvin Valley Honey an guaillean a chèile gus dà cholonaidh de sheilleanan-meala air am briodadh an Alba fhaighinn aig a' Phàrlamaid. Tha sinn a' gabhail pàirt san iomairt seo mar oidhirp gus barrachd dhaoine a dhèanamh mothachail air an staing sa bheil na seilleanan-meala an Alba agus mar thaic do bhith-iomadachd.

A rèir mar a thèid le side an t-samhraidh, bu chòir gum faighear mil gach bliadhna bho na beachlainn, agus bidh sin ri cheannach bho bhùth na Pàrlamaid.

Sistam Riaghlaidh Àrainneachdail


Fhuair Buidheann Chorporra Pàrlamaid na h-Alba ISO14001:2004 – an inbhe aithnichte gu h-eadar-nàiseanta airson siostaman rianachd àrainneachdail – san Fhaoilleach 2007 agus chùm i oirre a’ gleidheadh an teisteanais sna sia bliadhna bhon uair sin. Tha an siostam a’ buntainn do dh’aitreabhan ’s goireasan Pàrlamaid na h-Alba. Gus an inbhe fhaighinn agus a ghleidheadh, feumaidh buidheann dearbhadh do sgrùdaiche àrainneachdail a-muigh gun deach siostam rianachd àrainneachdail a chur an làn ghnìomh ’s gu bheil e air a chumail suas gu dian. Tha an siostam a’ dèanamh cinnteach gu bheil an àrainneachd ga toirt fa-near air feadh na buidhne agus gu bheil na raointean a bheir buaidh, no droch bhuidhne oirre, air an lèirmheasadh ’s air an smachdachadh gu riaghailteach.

Dè a th’ ann an siostam rianachd àrainneachdail?

Tha siostam rianachd àrainneachdail na dhòigh air “Planadh, Dèanamh, Dearbhadh agus Lèirmheasadh” gus dèanadas àrainneachdail a leasachadh.

Tha an inbhe a’ measadh an dòigh sa bheil buidheann:

- a’ filleadh a-steach suim don àrainneachd leis na structaran stiùiridh aca.
- a’ làimhseachadh nam buaidhean àrainneachdail aice agus a’ sìor leasachadh an dèanadais àrainneachdail aice ann an raointean leithid sgudail, lùtha agus solair.
- a’ cumail ris an lagh a thaobh a h-uile reachdais àrainneachdail iomchaidh.



Ri linn an adhartais a rinneadh an 2013/14, chaidh na targaidean a leanas aontachadh airson nam bliadhnaichean ri teachd.

Targaidean	2014/15	2019/20
Sgaoilidhean Carboin Lùghdaich sgaoilidhean carboin bhon t-suim iomlan an 2005/06::	32%	42%
Dealain Lùghdaich caitheamh dealain bhon t-suim iomlan an 2005/06:	32%	40%
Gas Lùghdaich caitheamh gas bhon t-suim iomlan an 2005/06:	15%	15%
Uisge Lùghdaich caitheamh uisge bhon t-suim iomlan an 2011/12:	11%	14%
Sgudal Lùghdaich sgudal-làraich bhon t-suim iomlan an 2005/06:	72%	90%
Pàipear Lùghdaich caitheamh pàipeir: 35% bhon t-suim iomlan ann an seisean 2 rè seisein 4 (2011-2016)		

Airson tuilleadh fiosrachaidh air Pàrlamaid na h-Alba, cuir fios gu
Fiosrachadh a' Phobail:



Fiosrachadh a' Phobail
Pàrlamaid na h-Alba
Dùn Èideann
EH99 1SP



0800 092 7500
or 0131 348 5000
0131 348 5395 (Gàidhlig)

Tha sinn cuideachd a' cur fàilte air brathan leis an t-seirbheis Text Relay.



Cuir teacsa gu Pàrlamaid na h-Alba air 07786 209888



gaidhlig@scottish.parliament.uk



www.parlamaid-alba.org



@ParlAlba



/scottishparliament



/scottishparl



parlamaidalba.wordpress.org

Cuir fios thugainn ma tha feum agad air lethbhreac den bhileag seo ann an cànan no cruth eile.

